



Lorg agus Dìon



Tha Ailean Stiùbhart ag obair le Poilis Tatha agus 's e fear de phrìomh phoilis fiadh-bheatha na dùthcha. Tha an leabhar ùr aige, *The Thin Green Line*, a' sgrùdadh na tha de dh'eucoir fiadh-bheatha a' dol air adhart ann an Alba anns an latha an-diugh anns an Rìoghachd Aonaichte, agus tha e a' beachdachadh air an t-suidheachadh ann an Alba

“Halo, an e sin na poilis?”

“S e. Tha sin ceart, an urrainn dhomh do chuideachadh?”

“Tha mi an dòchas gun urrainn. Bu thoil leam innse dhuibh gu bheil cuideigin a' toirt feusgain-neamhnaid fìor-uisge bhon abhainn againn.”

An àite sin, dh'fhaodadh cuideigin rud coltach ri seo a ràdh, “Bu thoil leam innse gum faca mi cuideigin a' dèanamh chearcallan mun cuairt air leumadairean ann an Linne Mhoireibh agus a' cur dragh orra.” Dh'fhaodadh seo tachairt ann an àite sam bith leithid Bàgh an Òbain, no inbhir aibhne ann am Mon Tròis no ann an iomadach àite eile mu oirthir na h-Alba.

Cho math ri sin, dh'fhaodadh cuideigin innse gu bheil, “...togalach anns a bheil ialtagan a' fuireach gu bhith air a leagail gu làr,” no, “gu bheil bùth pheataichean a' reic sligeanach Hermann agus gun tuir fèar dhen fheadhainn a tha ag obair ann nach eil na ceadan iomchaidh aca air an son.”

Bho chionn fichead bliadhna chan eil teagamh nach biodh an neach a bheireadh am fiosrachadh caran crosta an dèidh tighinn dhen fòn, gun fhios cò fo shealbh aig an robh an dleastanas gus dèiligeadh leis na h-eucoirean sin.

'S e am freagairt, gu dearbh, ach gur e an dleastanas aig na poilis a tha air a bhith ann fad na h-ùine sin. Ach, le sin a ràdh, chan eil cho fada ann – anns an deich bliadhna mu dheireadh – gu bheil buidheann beag de dh'oifigearan poilis bho na h-ochd feachdan poilis Albannach air eòlas agus comasan a leasachadh gus dèiligeadh nas èifeachdaiche leis an raon shònraichte dhen obair poilis. Aig an aon àm, tha an t-eòlas air a bhith a' cur chasaidean eucoirean fiadh-bheatha air tighinn air adhart cuideachd. Tha 15 neach-casaid eucoirean fiadh-bheatha a-nis aig oifis a' Chrùin agus aig Seirbheis Neach-casaid a' Chrùin, a bhios ag ionnsachadh sgilean na dreuchd còmhla ri oifigearan poilis fiadh-bheatha gu maith a h-uile duine.

A-nis, tha mu 90 oifigear poilis fiadh-bheatha ann an Alba, le co-dhiù aon oifigear làn-ùine anns a' chuid as motha dhe na feachdan poilis. Tha e cudromach cuideachd gu bheil mòran luchd-comhairleachaidh bho am faigh iad fiosrachadh mionaideach, a rèir a ghnè beathaich a thathar a' dèiligeadh ris. Tha na poilis, ag obrachadh le com-pàirtichean, air an aire a thoirt gu bheil feum aig gnèithean beathaich a tha fo chunnart air barrachd oidhirp bho na poilis gus an dìon. Leis an aithne ann an 2005 gun robh feum air barrachd dìon do chuid de ghnèithean, chaidh buidheann ùr, Buidheann Gnìomh Laghan Fiadh-Bheatha (WLEWG).

1
Tha fhathast geur-leanmhainn air eunan-àir ann an Alba. Chaidh an iolair-bhuidhe seo a losgadh le gunna faisg air Peebles ann an 2007. 'S i tè den charaid mu dheireadh a bha a' briodadh san sgìre.

2
Tha e mi-laghail feusgain-neamhnaid fìor-uisge a ghlacadh gus coimhead airson neamhnaidean sam bith a dh'fhaodadh a bhith nam broinn.





3

‘Dh’fhaodadh e a bhith na b’ fheàrr, ach tha obair nan oifigearan poilis fiadh-bheatha a’ tòiseachadh air atharrachadh a dhèanamh.’

Gnèithean le prìomhachas

Tha an WLEWG air a dhèanamh an àirde le poilis – Aonad Eucoir Fiadh-Bheatha nam measg sin – agus iomadh buidheann iomchaidh eile. A h-uile bliadhna, bidh a’ bhuidheann a’ coimhead air na prìomhachasan glèidhteachais a tha aig poilis. ‘S e eucoirean an aghaidh ialtagan, feusgain-neamhnaid fìor-uisge agus eunan-àir a tha nas tearca (iolarian buidhe, iolaire an earbaill-ghil, clamhan-nan-cearc, glas-sheabhag, clamhan-gobhlach dearg), cho math ris a’ mhalairt mhi-laghail ann an gnèithean sònraichte.

Mar sin, ann an seadh pragtaigeach, ciamar dìreach a tha sin a’ cuideachadh ann a bhith a’ cur stad air eucoirean fiadh-bheatha agus ciamar a tha seo a’ cur an lagh an gnìomh? Ma sheallas sinn air a bhith a’ toirt air daoine gun a bhith ri leithid de dh’eucoir tha e air leth cudromach a bhith a’ toirt barrachd aithne dhan chùis. Feumaidh sinn comhairle a thoirt do dhaoine

gus dèanamh cinnteach gum fuirich iad taobh a-staigh an lagh. Tha e cuideachd cudromach gun aithnich daoine gu bheil rudeigin mì-laghail agus gum bi fhios aca ciamar a dh’innseas iad dha na poilis ma chì iad a leithid. Tha tòrr dhen fhiosrachadh seo air a thoirt le oifigearan eucoirean fiadh-bheatha ann an tachartasan poblach, ‘s iad a’ dèanamh mu 150 òraid agus taisbeanadh a h-uile bliadhna air feadh Alba. Bidh cùrsaichean sònraichte air an cur air chois cuideachd. Am measg na tha air tachairt bho chionn ghoirid tha latha tràanaidh air a stiùireadh leis na poilis agus air a chur air bhonn le SNH, agus latha tràanaidh eile coltach ri sin ann an Srath Chluaidh do mhaoir-dùthcha.

Tha SNH agus Riaghaltas na h-Alba air iomadh bileag fiosrachaidh fhoillseachadh le bileag le fiosrachadh mionaideach mu na feusgain-neamhnaid fìor-uisge agus na h-eucoirean a tha co-cheangailte

riutha. Tha mu leth de dh’fheusgain-neamhnaid fìor-uisge an t-saoghail rim faighinn ann an Alba, agus ann an 2008 chaidh na ceudan de shligean fosgailte a lorg ri taobh abhainn ann an Siorrachd Aonghais. Bha seo a’ ciallachadh gun robh an treas cuid de na feusgain-neamhnaid fìor-uisge a bha anns an abhainn sin air am marbhadh. Chaidh suidheachadh coltach ri sin aithris ann an Gleann Comhann anns an aon bhliadhna. Tha sinn toilichte a ràdh gu bheil na h-oidhirpean a thathar a’ dèanamh gu feum: ann an 2009, bha lùghdachadh ann an eucoirean air feusgain agus ialtagan.

3

'S e an cunnart as motha a tha aig bruic nuair a bhios coin air an cur dhan teàrmann aig na bruic agus nuair a bhios daoine a' gealltainn air dè am beathach a ni an gnothach anns an t-sabaid.

4

Ann an Sealtainn, bhuail iasgair cuileanan ròin gu bàs le posta fiodha. Chaidh a chur dhan phrìosan airson 80 latha.

Ditidhean

Tha iomadh dìteadh soirbheachail air a bhith ann thar nam bliadhnan a tha a' sealltainn gu bheil an rannsachadh a thathar a' dèanamh nuair a gheibhear aithris gun robh eucoir fiadh-bheatha air a dhèanamh air a bhith soirbheachail. Mar eisimpleir, ann an 2005 thàinig e gu aithne Poilis Srath Chluaidh gun robh teàrmann bruic an dèidh a bhith air a lionadh le òtrach. Le bhith ag obair le buidhnean com-pàirteachaidh Bruic na h-Alba agus Comhairle Lannraig a Tuath, chaidh an teàrmann fhosgladh beag air bheag. Nuair a thàinigear gu crìoch an òtraich, thàinig broc, a bhiodh air am bàs fhaighinn le cion bidhe no cion anaileach, a-mach. Fhuair na poilis fios air cò rinn seo agus chaidh e càin de £800 air.

Ann an suidheachadh eile ann an Lodain agus na Crìochan, chuidich luchd-obrach bho Bhuidheann Albannach Dion nam Beathaichean (SSPCA) agus Buidheann Rìoghail Dion nan Eun (RSPB) gus fear aig an robh lion agus a bha a' glacadh ghlaiseanan a chur an greim. Bha tuilleadh eòin fhiadhaich a bha air an glacadh leis air am faighinn agus chaidh a dhìteadh agus fhuair e càin de £1,000. Bha seòladh aig an duine ann an Sasainn cuideachd, agus an dèidh rannsachadh a dhèanamh an sin, chaidh cùis a chur air adhart gu Seirbheis Casaid a' Chrùin. Air an turas seo, fhuair an duine saorsa fo chùmhnannt ach bha aige ris na cosgaisean de £11,750 a phàigheadh.

Ann an 2006, anns a' chiad dhìteadh dhe leithid anns an Rìoghachd Aonaichte, chaidh càin de £500 air fear airson a bhith a' cur dragh ann an dòigh mhi-chùramach air leumadairean ann an Linne Mhoireibh. Chaidh fhaicinn air jet-ski 's e a' dol dìreach tro bhuidheann de leumadairean, agus an uair sin a' tionndadh gu luath agus a' dol tron bhuidheann a-rithist. Chaidh tòrr dhen fhianais anns a' chùis seo a ghlacadh air camara diodsaiteach. Anns a' chiad dhìteadh de leithid anns an Rìoghachd Aonaichte cuideachd, chaidh fear a chur dhan phrìosan airson 80 latha anns an 2008 an dèidh dha 21 cuilean ròin a bhualadh gu bàs air eilean Linga an Ear ann an Sealtainn. Tha iomadh cùis eile a' leantainn co-cheangailte ri bhith a' puinnseanachadh eunain-àir.

Chan eil gnothaichean fhathast mar bu mhiann leinn, ach tha obair nan oifigearan fiadh-bheatha, ann an co-bhann ri na buidhnean eile - agus an àrdachadh anns an aithne a tha eucoirean fiadh-bheatha a' faighinn, a' tòiseachadh air atharrachadh a dhèanamh.

4

